

17 Ògmhios 2025

A phàrant/neach-cùraim chòir

Sa Mhàrt 2025, thadhail sgioba de luchd-sgrùdaidh Foghlam Alba air Bun-sgoil agus Sgoil-àraich an t-Sàilein. Rè ar cuairt, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth còmhla ris a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- An ceannard agus an luchd-obrach, air feadh na sgoile agus an aonad ro-chòig, a bhios ag obair gu math còmhla gus dàimhean adhartach, urramach agus earbsach a chruthachadh le clann, pàrantan agus a' choimhearsnachd. Mar thoradh air sin, tha feallsanachd fàilteachail, cùramach agus in-ghabhalach air feadh na sgoile gu lèir.
- Clann a tha moiteil às an sgoil is aonad ro-chòig aca. Tha iad ealanta, modhail agus fàilteachail do luchd-tadhail. Tha iad a' dol an sàs gu math san ionnsachadh aca.
- Luchd-obrach taobh a-staigh na sgoil-àraich a bhios a' cleachdadadh raon de dhòighean-obrach làn-bhogaidh gus taic a thoirt do fhileantachd a tha a' sìor-fhàs ann an clann.

Chaidh na raointean leasachaидh a leanas a chomharrachadh agus a dheasbad leis a' cheannard agus le riochdairean bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.

- Leasaich pròiseasan soilleir gus taic a thoirt do chomharrachadh, lìbhrigeadh agus ath-sgrùdadadh phriomhachasan leasachaيدh san sgoil agus san aonad ro-chòig.
- Leasaich dùighean-obrach airson eòlasan ionnsachaidh chloinne a dhealbhadh san sgoil agus san aonad ro-chòig. Bu chòir do luchd-obrach clann a thoirt a-steach nas coileanta ann am planadh ionnsachaidh.
- Leasaich ìrean airson ionnsachadh, teagasc agus measadh thar na sgoile. Dèan cinnteach gu bheil gniomhachdan ionnsachaidh thar na sgoile air an coimeas gu h-èifeachdach ri feumalachdan na cloinne. Feumaidh clann taic agus dùbhlannas fheàrr fhaighinn nan ionnsachadh.
- Àrdaich coileanadh ann an litearrachd agus àireamhachd thar na sgoile. Le bhith a' dèanamh seo, feumaidh tidsearan tuigse nas fheàrr fhaighinn air inbhean nàiseanta.

Chruinnich sinn fianais gus am b' urrainn dhuinn obair na sgoile a luachadh le bhith a' cleachdadh ceithir comharran càileachd o [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh eagan\)](#) agus [Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar càram-chloinne?](#). Tha comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breithneachadh air na tha a' dol gu math agus na tha feumach air leasachadh. Às dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, cruinnichidh Riaghaltas na h-Alba fiosrachadh bho na luachaidhean againn gus sùil a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' déanamh.

Seo agaibh luachaidhean Foghlam Alba airson Bun-sgoil agus Sgoil-àraich an t-Sàilein

Comharran càileachd airson ìrean na bun-sgoile	Luachadh
A' stiùireadh atharrachadh	riarachail
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	lag
A' dearbhadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas	riarachail
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	lag
Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig: How good is our school? (4^{mh} tionndadh), Pàipear-taice 3: An sgèile sia puingean	

Comharran càileachd airson clas na sgoil-àraich	Luachadh
A' stiùireadh atharrachadh	riarachail
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	riarachail
A' dearbhadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas	riarachail
A' déanamh cinnteach gun déan a' chlann adhartas	math
Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig: Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar càram-chloinne? Èarr-ràdh 1: An sgèile sia puingean	

Bidh sgrìobhainn nas mionaidiche, air a bheil Geàrr-iomradh air Toraidhean Sgrùdaidh (SIF) ri faotainn air làrach-lìn Foghlam Alba aig: [Duilleag nan Aithisgean | Aithisgean Sgrùdaidh | Foghlam Alba](#)

Dè thachras a-nis?

Ri linn toraidhean ar sgrùdaidh, tha sinn am beachd gu bheil an sgoil feumach air taic a bharrachd agus tuilleadh ùine airson na leasachaidhean riatanach a dhèanamh. Bidh sinn a' conaltradh ri Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a thaobh comas na sgoile ri dhol am feabhas. Tillidh sinn a dhèanamh sgrùdadadh eile air an sgoil taobh a-staigh bliadhna a bho thèid an litir seo fhoillseachadh. Bidh sinn a' bruidhinn ri Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid air na tha an lùib an sgrùdaidh seo. Nuair a thilleas sinn gus sgrùdadadh a dhèanamh air an sgoil, sgriobhaidh sinn thugaibh mar phàrantan/luchd-cùraim gus fios a chur thugaibh air an adhartas a rinn an sgoil.

Denise Penman
Neach-sgrùdaidh an Rìgh